

A' COMHARRACHADH NA GÀIDHLIG ANN AN EARRA-GHÀIDHEAL,
PASGAN-GHOIREASAN GÀIDHLIG BUN-SGOIL 1 GU 7



Image: Bobbie Vertter, "Encounter on the hill of angels"

Mun phasgan seo

Tha Tional Cultair Dualchais agus Ealainean Earra-Ghàidheal is nan Eilean (CHARTS) ann an com-pàirteachas ri Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air pasganan chur-seachadan a chruthachadh airson nam bun-sgoiltean is nan àrd-sgoiltean air feadh Earra-Ghàidheal aig a bheil an t-amas Gàidhlig Earra-Ghàidheal a chomharrachadh tro bhàrdachd agus aithris sgeulachdan. Tha taic ris a' phròiseact bho Heritage Horizons, pròiseact le CHARTS ga mhaoineachadh le Urras Cumhachd na h-Alba ann an com-pàirteachas ri Fòram Thaighean-tasgaidh is Dualchais Earra-Ghàidheal is Bhòid, a' cur ris a' chothrom air a' Ghàidhlig do dhaoine òga.

Tha na pasganan a rèir Cruinneachadh Earra-Ghàidheal, 2022 (12 Màrt, a thèid a chumail gu digiteach). Thèid obair a chuireas clann-sgoile a-steach a mheas ri linn comharrachadh Seachdain na Gàidhlig (21 gu 27 Màrt 2022), far am bi CHARTS a' cur cuideam air raon phròiseactan Gàidhlig tro thachartas aig Pàirc na Dìthreibh ann am Baile Eilidh (24 Màrt). Thèid obair a chuirear a-steach an dèidh a' chinn-là mu dheireadh a nochdadh aig taisbeanadh digiteach air làrach-lìn CHARTS.

Nach cuir sibh dealbhan gu kirstenm@chartsargyllandisles.org ro 17 Màrt leis an ainm 'Pasgan Gàidhlig Earra-Ghàidheal + sgoil'. Airson ceistean sam bith eile mu Phròiseact Gàidhlig nan Sgoiltean, nach cuir sibh fios gu Manaidsear an Dualchais Pamela Chaimbeul: pamela@chartsargyllandisles.org.

Stiùireadh do Luchd-teagaisg:

Nach atharraich sibh an cur-seachad gus freagairt air feumalachdan na buidhne. Faodar na duilleagan-obrach a chlò-bhualadh aig an ìre aca fhèin (A4) no nas motha (A3) an crochadh air an àite san taisbeanadh (air a' bhalla). Bu chòir gum biodh sa chollage sa chùl an dà chuid àrainneachd talmhainn is mara, a' cruthachadh dachaigh don fhiadh-bheatha ionadail. Tha sinn a' brosnachadh cleachdadh stuth air ath-chuairteachadh, air a chruinneachadh bhon taigh agus aig an sgoil, a' cruthachadh àite airson deasbaidhean air na buaidhean a dh'fhaodas a bhith aig truailleadh is sgudal air an fhiadh-bheatha ionadail againn. Faodar siotaichean nan ainmhidhean a ghearradh a-mach agus a chur ri chèile air a' chollage, agus nan cois ainmean Gàidhlig a thathar a' moladh airson nan ainmhidhean agus faclan ceangailte riutha.

Faodaidh gum bi sibh ag iarraidh sgeulachd Gàidhlig freagarrach mu ainmean a thaghadh is a nochdadh ris a' chlas agaibh air neo math dh'fhaodte gum bu thoil leat aonan a lorg air [Tobar an Dualchais](#). Gu h-ìseal tha spreagadh beag gus collage beothail a chruthachadh.

Goireasan a bharrachd:

[Ainmhidhean a bhuineas do dh'Earra-Ghàidheal is Bòd](#)

[Sgudal is Ainmhidhean RSPCA](#)

[Leasan mu sgudal don chloinn, Cùm Alba Àlainn](#)



Stiùireadh do Chlann-sgoile:

A' rannsachadh cruth na tìre ann an Earra-Ghàidheal is Bòd. Anns a' phasgan tha 10 ainmhidhean, 5 dhiubh a tha a' fuireach air tìr agus 5 a tha a' fuireach anns an uisge:

Talamh: Feòrag-ruadh	Ròn-cala
Fiadh-ruadh	Beathadach
Taghan	Iolair an Earbailh-ghil
Caoraich	Buthaid
Cat-fiadhaich Albannach	Muc-mhara Bhiorach

Tha tòrr ainmhidhean eadar-dhealaichte a tha a' fuireach ann an Alba, tha feadhainn air a bhith an seo fad nan ceudan de bhliadhnaichean, chaidh feadhainn eile a chall agus a thoirt air ais dìreach o chionn ghoirid dhan tìr leithid Iolair an Earbailh-ghil. Tha sinn a' fuireach anns an aon àite ris na h-ainmhidhean seo agus tha sinn eòlach orra tro na h-ainmean Beurla orra. Tha an cur-seachad seo a' leigeil leat an cur ris na h-ainmean is na gnèithean Gàidhlig aca agus a bhith a' smaoineachadh air mar a tha sinn a' fuireach anns an aon àite ris na beathaichean seo. Anns a' phasgan tha 10 siotaichean-dathaidh agus tha sinn gad bhrosnachadh a bhith cho cruthachail agus cho lùireach agus a tha thu ag iarraidh! Faodaidh tu am beathach agad fhèin a tharraing no a pheantadh no a chur ann an collage cuideachd, bi a' smaoineachadh mun fheadhainn a chì sinn ann an Earra-Ghàidheal is Bòd. Feuch an urrainn dhut ainmhidhean air a bheil iomradh ann an sgeulachdan sam bith air a bheil thu eòlach a tharraing!

Mar a nì thu an cruth-tìre agaibh:

Mar chlass, bithibh ag obair còmhla gus dachaigh a chruthachadh airson nan ainmhidhean seo a tha a' fuireach ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, agus ionnsaichibh na h-ainmean Gàidhlig a th' orra. Gus dachaighean nan ainmhidhean a dhèanamh, cruinnich stuth mun taigh agad fhèin no aig an sgoil gus collage a dhèanamh ann am buidheann leis a' chloinn eile. Bithibh a' smaoineachadh air stuth aig an taigh nach eilear a' cleachdadh agus a dh'fhaodadh dol dhan t-sitig, leithid irisean, seann phàipear-fillidh, seann bhotail bhainne, cuairsgeanan plastaig airson suiteis, clòimh-chotain, bagaichean plastaig no mìrean de sheann stuth-aodaich.



Talamh:

Feòrag-ruadh/Red Squirrel
Fiadh-ruadh/Red Deer
Taghan/Pine Marten
Caora(ich) /Sheep
Cat-fiadhaich Albannach/Scottish Wild Cat

Uisge:


Ròn-cala /Harbor Seal
Beathadach /Beaver
Iolair an Earbaill-ghil/White-tailed Eagle
Buthaid/Atlantic Puffin
Muc-mhara Bhiorach /Bottlenose Dolphin

Faclan a bharrachd:

Earball/Tail
Cluasan/Ears
Sùilean/Eyes
Spògan/Paws
Iongan/Claws
Itean/Wings
Itean/Fins
Spuirean/Talons
Iteagan/Feathers
Pliutan/Flippers
Clòimh/Wool
Bian/Fur
Uisge/Water
Talamh/Land
Ainmhidhean/Animals
Feusagan/Whiskers
Ladhran/Hooves
Gob/Beak
Beanntan/Mountains
Loch/Loch
Craobhan/Trees
Muir/Sea
Dìtheanan/Flowers
Grian/Sun
Gealach/Moon
Toll-sèididh/Blowhole
Cabair/Antlers

Chan eil san liosta gu h-àrd ach molaidhean agus leis cho saidhbhir agus a tha Gàidhlig, math dh'fhaodte gum bi faclan eile a bhios tu fhèin / an clas agad a' cleachdadh. Nach cleachd thu na faclan air a bheil thu eòlach no a tha ceangailte ri Earra-Ghàidheal.


























Tarraing an seo



